



Gnè Bùrn Airson Òil ann an Alba 2010

Aithisg Bhlìadhnail Riaghladair Càileachd Uisge Òil
na h-Alba

1. Facal-tòiseachaidh

Tha an aithisg seo a' dol gu Ministearan na h-Alba le mion-fhiosrachadh air càileachd sòlar uisge òil na h-Alba, gach cuid poblach is prìobhaideach, a bharrachd air obair Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba (DWQR) fad 2010.

Tha tuilleadh feabhas a' tighinn air sòlar uisge òil poblach ann an Alba. Ann an 2010, bha 99.83% de shamhlaichean a fhuarar bho ghocan luchd-caitheimh a rèir ìrean riaghlaidh, le àrdachadh gèillidh 0.05% bho 2009 a bha, aig an àm, cho àrd sa bha e a-riamh.

Ann an grunn raointean dh'èirich ìre gèillidh, gu sònraichte airson trihalomethanes iomlan (THM), a tha na fo-thoradh de phròiseas dì-ghalaraidh. Às dèidh càineadh an-uiridh bho DWQR, rinn Uisge na h-Alba oidhirp shònraichte ann an 2010 gus gèilleadh THM adhartachadh ann an diofar dhòighean, agus tha iad sin air a bhith soirbheachail. Tha feum air tuilleadh adhartais agus feumaidh Uisge na h-Alba cothromachadh a dhèanamh eadar dèanamh cinnteach gu bheil sòlar uisge air a dhì-ghalaradh gu leòr, rud a tha deatamach, agus a' lughdachadh cruthachadh THM mar thoradh air dìth làimhseachaidh agus co-chruinneachaidhean àrd de chlorine. Ann an cuid de shòlaran uisge bha co-chruinneachaidhean neo-iomchaidh de THM fhathast ann an 2010. Ged a chuireas tasgadh calpa a dh'àrdaicheas cùrsa làimhseachaidh, mar as trice casg air an trioblaid, tha e na dhùbhlán do dh'Uisge na h-Alba càileachd mhath de dh'uisge fhaighinn gus cruthachadh THM a lughdachadh san eadar-ama.

Tha tòrr obair a' dol air adhart gus pìoban sgaoilidh a ghlanadh agus ùrachadh gus dèanamh cinnteach nach fhaigh luchd-caitheimh uisge iol-dathach mar thoradh air sìoladh iarann agus mangan a nochdas bho pìoban Uisge na h-Alba. Tha gèilleadh a thaobh iarann air adhartas mòr a dhèanamh, agus tha àiteachan far an robh uisge iol-dhathach nach eil tuilleadh nan duilgheadas. Cha tàinig adhartas air gèilleadh a thaobh mangan ge-tà, agus bha seo gu mòr mar thoradh air sòlar Muirdykes ann an Siorrachd Roinn Friù. Bha àrdachadh ann an co-chruinneachadh mangan anns an t-sòlar seo gu math neo-ghoireasach dha luchd-caitheimh san sgìre seo. Tha Uisge na h-Alba a-nis air gealltanais laghail a thoirt dha Ministearan na h-Alba na h-adhartasan deatamach a chur an gnìomh, ach tha a' chùis seo a' dearbhadh cho deatamach 's a tha e gum bi Uisge na h-Alba adhartach ann a bhith a' feitheamh ris agus a' dèiligeadh ri cùisean mus tèid iad ro fhada.

Bidh DWQR a' dèanamh lèirmheas air tachartasan càileachd uisge gus dèanamh cinnteach gus tèid duilgheadasan an làimhseachadh agus ionnsachadh bhuapa. Air feadh 2010, b'è àrdachadh ann an co-chruinneachadh alman a dh'adhbhraich grunn math de na tachartasan sin. Bidh Uisge na h-Alba a' cleachdadh salann alman mar phàirt den phròiseas làimhseachaidh, agus mar sin bu chòir gum biodh smachd aig Uisge na h-Alba air mar a thathas ga chur san uisge agus ga thoirt às. Ged a dh'fhaodas atharrachadh ann an càileachd aig bun na h-uisge am pròiseas a dhèanamh duilich, feumaidh Uisge na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil an teigneòlas, ionnstramaidean faire

agus sàr-eòlas aca iomchaidh airson a' phròiseas finealta seo a riaghladh gu h-èifeachdach.

Tha barrachd an cois càileachd uisge na dìreach àireamhan gèillidh. Tha DWQR a' creidsinn gum bu chòir misneachd a bhith aig luchd-caitheimh anns an t-sòlar uisge aca agus gum bi e mothachail is iomchaidh dhaibh. Tha Uisge na h-Alba air miann shoilleir a nochdadh gus am faigh luchd-caitheimh tlachd bho bhith a' tarraing uisge a tha blasta, cùbhraidh agus tarraingeach ri fhaicinn, às na gocan aca. Tha mi toilichte a ràdh gun deach fiosan a chaidh gu Uisge na h-Alba mu chùisean càileachd uisge sìos gu ìre 15% ann an 2010 ann an coimeas ris a' bhliadhna roimhe agus tha DWQR an dòchas gun cum a' ghluasad seo a' dol.

Cha bhith a h-uile duine ann an Alba a' faighinn uisge bho Uisge na h-Alba. Tha mu 3% den t-sluagh ceangailte ri sòlar uisge prìobhaideach (PWS), agus tha càileachd iad sin air a bhith na dhragh o chionn fhada oir tha an cuid làimhseachaidh gu math bunaiteach neo gun a bhith ann idir. Tha Alba air thoiseach air càch a thaobh tuigse agus cunntadh nan cunnartan a tha an cois nan sòlaran beaga sin, agus mar thoradh air oidhirpean le gach cuid an DWQR agus ùghdarrasan ionadail tha e comasach dhuinn a bhith nas misneachail mu bhith a' taisbeanadh dàta càileachd uisge.

Ann an 2010, chaidh còrr is 46,000 samhla fhaighinn bho PWS agus bha 91.95% de dheuchainnean a rèir na h-ìrean riaghlaidh. Feumaidh sàbhailteachd meanbh-bhitheolas a bhith na phrìomh dhragh bho thaobh slàinte agus tha e na adhbhar dragh nach robh ach timcheall air 64% de shamhlaichean a rèir ìrean ainmichte airson coliforms, agus taobh a-

staigh beagan is 18% bha *E.coli*, a tha na chomharra soilleir de thruailleadh caic. Thàinig an cunnart slàinte bho thruailleadh PWS gu follais gu soilleir ann an 2010 nuair a ghlac 14 neach-tadhail a' fuireach ann an togalach saor-làithean le sòlar uisge prìobhaideach *E.coli* O157. Tha seo a' daingneachadh an cunnart a tha a' tighinn bho shòlaran uisge prìobhaideach, agus mar a dh'fhaodadh seo buaidh eaconamach a thoirt a bharrachd air buaidh phearsanta. Feumaidh obair cumail air adhart gus a bhith a' brosnachadh luchd-seilbh agus luchd-caitheimh làimhseachadh a chur an gnìomh, ach tha e a' coimhead nas coltaiche buileach gu bheil oidhirpean airson dèanamh cinnteach gu bheil làimhseachadh ceart ga chur an gnìomh agus ga chumail suas air leth deatamach ma tha buannachdan bho obair adhartais gu bhith seasmhach.

Tha feum air riaghladh air diofar chunnartan a thaobh sòlar uisge math glan ge bith a bheil sin bho thobar phoblach neo phrìobhaideach. Tha DWQR a' toirt a làn-thaic don t-sealladh aig Plana Sàbhailteachd Uisge Buidheann Slàinte na Cruinne airson a bhith a' measadh agus a' riaghladh chunnartan aig gach ìre de làimhseachadh uisge agus a' phròiseas sòlair. Faisg air deireadh 2011, bidh Uisge na h-Alba air planaichean sàbhailteachd uisge a thoirt a-mach airson na sòlaran uisge aca gu h-ìomlan. Tha DWQR ag obair le ùghdarrasan ionadail agus luchd-seilbh PWS gus sealladh plana sàbhailteachd uisge a leasachadh as urrainn atharrachadh gus a chleachdadh airson gach sòlar sin. Thathas a' faicinn an leithid de phlanaichean bunaiteach gus tuilleadh adhartais fhaighinn air càileachd uisge agus gus dèanamh cinnteach gum

faighear aithne thràth air cunnartan gus an tèid an riaghladh gu h-èifeachdach.

Tha sinn duilich aithris gun bhàsaich Cailean MacLabhrainn, an Riaghladair Càileachd Uisge Òil, gu h-obann ann an 2010, às dèidh strì fhada agus threun an-aghaidh aillse. Bha Cailean ag obair gu cruaidh gus adhartasan mòra fhaighinn air càileachd uisge òil ann an Alba. Bha e cothromach agus càilear, socair na dhòigh agus bi an sgioba aige agus mòran sa ghnìomhachas uisge anns an RA agus nas fhaide air falbh, ga ionndrainn gu mòr.

Tha sgioba DWQR a' leantainn air obair Chailein gus tuilleadh adhartais fhaighinn air sòlaran uisge na h-Alba agus gus slàinte phoblach a ghlèidheadh. Fhuair DWQR creideas gu ìre ISO 9001 anmoch ann an 2010. Thathas a-nis a' dol air adhart gus Riaghladair ùr fhasdadh, agus thathas an dòchas gus cuirear crìoch air an sin ro dheireadh 2011.

Lùnastal 2011

2. Geàrr-chunntas gnìomhach


Is e seo an naoidheamh aithisg bhliadhnail a chaidh ullachadh do Mhinistearan na h-Alba le Riaghladair Càileachd Uisge Òil na h-Alba (DWQR). Tha e a' taisbeanadh agus a' dèanamh lèirmheas air an fhiosrachadh a tha Uisge na h-Alba a' toirt seachad fo Riaghailtean Sòlar Uisge (Càileachd Uisge) (Alba) 2001 (na Riaghailtean) agus a' nochdadh mar a bha an DWQR a' dèiligeadh ri Uisge na h-Alba eadar 1 Faoilleach agus 31 Dùbhlachd 2010. Tha an aithisg cuideachd a' taisbeanadh agus a' dèanamh lèirmheas air fiosrachadh a thaobh sòlar uisge prìobhaideach a thug na Riaghaltasan Ionadail seachad. Tha Earrann 3 den aithisg seo a' toirt a-steach càileachd uisge òil aig ìre nàiseanta; Tha Earrann 3A a' sgrùdadh càileachd uisge bun an t-sòlar phoblach, aig obraichean làimhseachaidh uisge, agus tron t-siostam cuairteachaidh gu gocan luchd-caitheimh; Tha 3B a' sealltainn ri sòlaran prìobhaideach ann an Alba. Tha Earrann 4 a' bristeadh sìos an t-seallaidh nàiseanta gu còig roinnean de dh' Alba air an riochdachadh mar sgìrean pannal Waterwatch Scotland, agus tha Earrann 5 a' toirt seachad mion-fhiosrachaidh de chàileachd uisge ann an sòlaran poblach is prìobhaideach a rèir sgìrean ùghdarrasan ionadail.

Tha co-dhùnaidhean càileachd uisge òil a thug Uisge na h-Alba seachad airson 2010 a' sealltainn gun deach 323,998 deuchainn a chumail airson raointean le inbhe àireamhail air samhlaichean a chaidh am faighinn aig obraichean làimhseachaidh uisge, lochan-tasgaidh seirbheis agus gocan luchd-caitheimh. De na 155,302 deuchainn a chaidh a dhèanamh air samhlaichean a chaidh am faighinn bho ghocan luchd-caitheimh far a bheil inbhe àireamhail, bha 99.83% a'

gèilleadh ri riatanasan, an ìre gèillidh as àirde a-riamh. Bha 267 deuchainn iomlan ann far an deach co-dhùnadh nach do ràinig iad an inbhe stèidhichte ri Riaghaltasan 2001. Mar a bha fìor a thaobh bliadhnaichean roimhe seo, bha an àireamh as motha de na samhlaichean a dh'fhàilig airson raointean bitheag coliform agus trihalomethane (THM), le gèilleadh coliform beagan nas ìsle na bha ann an 2009 agus gèilleadh THM gu mòr nas àirde.

Sheall ìre gèillidh meanbh-bhitheòlais aig obraichean làimhseachaidh gun robh lughdachadh ann bho 2009, ach bha beagan adhartais a thaobh gèilleadh aig puingean stòrais. Bha 69 tuislidhean bho inbhe bitheag coliform aig gocan luchd-caitheimh agus ann an dà shamhla bha *E.coli*, ann an coimeas ri 66 agus ceithir ma seach ann an 2009. Tha [Dealbh 2.1](#) a' sealltainn gluasad ann an ìre gèillidh meanbh-bhitheòlais aig gocan luchd-caitheimh a' dol air ais gu 2002, nuair a chaidh Uisge na h-Alba a stèidheachadh.

Dealbh 2.1: Geàrr-chunntas de Dheuchainnean Meanbh-bhitheòlais air Samhlaichean Goc Bho 2002



Tha e na riatanas fo Stiùiridhean *Cryptosporidium* (Uisge na h-Alba) 2003 air Uisge na h-Alba samhla fhaighinn de chuid de dh'uisge amh agus de dh'uisge deireannach airson *Cryptosporidium*. Ann an 2010, chaidh

9,386 samhla *Cryptosporidium* fhaighinn bho uisgeachan deireannach obraichean làimhseachaidh uisge. Às na samhlaichean sin, ann an 312 (3.32%) bha oocysts *Cryptosporidium*, beagan adhartais bho 2009.

Bidh DWQR a' faighinn fiosrachadh bho Uisge na h-Alba a thaobh thachartasan a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air càileachd uisge òil. Ann an 2010, fhuaras fiosrachadh mu 899 tachartas bho Uisge na h-Alba. Às a sin bha

62 air an clàradh le DWQR mar thachartasan agus fo thuilleadh sgrùdaidh.

Ann an 2010 chaidh fios a chur gu Uisge na h-Alba 20,495 uair bho luchd-caitheimh a' nochdadh dragh mu chùisean càileachd uisge òil. Bha seo a' nochdadh lughdachadh de chòrr is 15% bho 2009. Mar a bha fìor a thaobh bliadhnaichean roimhe seo, bha an roinn a b' àirde (70%) de fhiosan a thaobh milleadh dath san uisge.

4.2 Càileachd Uisge Òil ann an Sgìre Pannal Waterwatch san Iar Thuath

Dàta Càileachd Uisge

Clàr 4.2a: Samhlaichean air fhaighinn bho Obraichean Làimhseachaidh Uisge a' solarachadh an Iar Thuath

Cuibhreasan	Àireamh dheuchainnean	Àireamh a' dol os cionn ìre choitcheann	% a' dol os cionn ìre choitcheann	Àir. WTW nach eil a' coinneachadh riatanasan riaghailteach	% WTW nach eil a' coinneachadh riatanasan riaghailteach
Coliforman Buachair	9,590	13	0.14%	11	8.53%
<i>E.Coli</i>	9,590	4	0.04%	4	3.10%
Nitrite	988	3	0.30%	2	1.55%
Ruaimleachd	1,462	9	0.62%	8	6.20%

Clàr 4.2b: Geàrr-chunntas de shamhlaichean air fhaighinn bho Lochan-tasgaidh san Iar-thuath

Cuibhreasan	Àireamh dheuchainnean	Àireamh anns a bheil coliforman no E-coli	% a' dol os cionn ìre choitcheann	Àireamh stòrasan seirbheis nach eil a' coinneachadh riatanasan riaghailteach *	% stòrasan seirbheis nach eil a' coinneachadh riatanasan riaghailteach
Coliforman Buachair	14,883	30	0.20%	1	0.32%
<i>E.Coli</i>	14,883	2	0.01%	2	0.67%

*Cha bhi coliform ann an 95% de shamhlaichean; cha bhi *E.coli* ann an 100% de shamhlaichean.

Clàr 4.2c: Geàrr-chunntas de shamhlaichean air fhaighinn bho Ghocan Luchd-caitheimh san Iar Thuath

Cuibhreasan	Àireamh dheuchainnean	Àireamh a' dol os cionn ìre choitcheann	% a' dol os cionn ìre choitcheann	Àir. àrainn nach eil a' coinneachadh riatanasan riaghailteach	Gèilleadh (%)
<i>Coliforman Buachair</i>	2,150	8	0.37%	6	99.69%
<i>E. coli</i>	2,150	0	0%	0	100%
Dath	826	5	0.61%	5	98.66%
Ruaimleachd	826	0	0%	0	100%
Haidridean ion (pH)	826	3	0.36%	3	99.05%
Alman	807	2	0.25%	2	99.75%
Iarann	807	4	0.50%	3	99.39%
Mangan	807	1	0.12%	1	99.97%
Luaidhe	492	2	0.41%	2	99.05%
Trihalomethanes iomlan	493	36	7.30%	22	90.74%
Cuibhreasan eile	19,635	13	0.07%	7	99.97%
Cuibhreasan gu lèir	29,819	74	0.25%	41	99.67%

Clàr 4.2d: Clàr Cumail Suas Cuairteachaidh – Raointean san Iar Thuath nach d'fhuair 100%

Ainm Àrainn Sòlair Uisge	MZC Iarann	MZC Mangan	MZC Ruaimleachd	OPI (TIM)
Àrainn Ealaghoil Sgiathanaich	50.00%	100%	100%	83.33%
Àrainn Inbhir Gharaidh	75.00%	100%	100%	91.67%
Àrainn Spiathanaidh	94.44%	100%	100%	98.15%
Àrainn Loch Aic	100%	95.83%	100%	98.61%
Cuibheasachd Sgìre an Iar-thuath OPI(TIM)	99.39%	99.97%	100%	99.78%

Thàinig lughdachadh ann an gèilleadh thar gach raon aig obraichean làimhseachaidh san Iar-Thuath ann an 2010. Gu sònraichte, chaidh àireamh shàmhlaidhean anns an robh *E.coli* suas bho aon gu ceithir. Bha gèilleadh aig puingean stòrais an ìre mhath co-chosmhail ri 2009, le 30 samhlaichean anns an robh coliforms agus a dhà le *E.coli*.

Thàinig adhartas air an dealbh iomlan aig na gocan bho 2009 – gu h-iomlan chaidh 74 tuisleadh a chlàradh thar gach raon ann an coimeas ri 95 sa bhliadhna roimhe sin. Gu sònraichte, thàinig adhartas mòr air gèilleadh airson THMs agus haidridean ion (pH). Tha Clàr 4.2d a' sealltainn na raointean sòlar sin far an robh tuisleadh air iarann, mangan no ruaimleachd. Nochd Ealaghol, san Eilean Sgìtheanach air a' chlàr an-uiridh cuideachd agus tha tuisleadh iarainn an seo gu mòr an urra ri eu-comais nan obraichean làimhseachaidh iarann nàdurach a thoirt às. Chaidh obair a chur air chois gus adhartas fhaighinn air gèilleadh le iarann agus mangan ann an raon Spiathanaidh faisg air raon Eilginn agus Loch Aic a tha a' solarachadh Dùn Omhain.

Fhuar Uisge na h-Alba 803 fiosan luchd-caitheimh bho sgìre an Iar-Thuath ann an 2010 agus bha faisg air leth dhiubh co-cheangailte ri milleadh dath uisge. Chlàr raon sòlar uisge Asainte, a tha a' solarachadh Inbhir Pheofharan agus an sgìre taobh a-tuath Inbhirnis àireamh an ìre mhath àrd de fhiosan mu mhilleadh dath uisge, mar a bha fìor a thaobh Geàrrloch agus an sgìre timcheall Omhainich taobh a-deas a' Ghearasdain.

Mar thoradh air sòlar bho shiostam a' Ghearasdain a chur an àite WTW Omhainich agus obraichean ath-ghinealachaidh a' phrìomh shiostam, thàinig adhartas ann an càileachd sgìre Omhainich.

Thàinig 16 fiosan bho raon sòlar an Tulaich a tha a' còmhdach na sgìre timcheall an Òbain, a thaobh blas talmhaidh bhon uisge, rud a tha aig amannan co-cheangailte ri algaich aig bun sòlar uisge, ged nach robh aithris sam bith air an leithid ann an 2010.

4.3 Càileachd Uisge Òil ann an Sgìre Pannal Waterwatch nan Eileanan

Dàta Càileachd Uisge

Clàr 4.3a: Samhlaichean air fhaighinn bho Obraichean Làimhseachaidh Uisge a' solarachadh na h-Eileanan

Cuibhreasan	Àireamh dheuchainnean	Àireamh a' dol os cionn ìre choitcheann	% a' dol os cionn ìre choitcheann	Àir. WTW nach eil a' coinneachadh riathanasan riaghailteach	% WTW nach eil a' coinneachadh riathanasan riaghailteach
Coliforman	2,174	0	0%	0	0%
<i>E.Coli</i>	2,174	0	0%	0	0%
Nitrite	232	0	0%	0	0%
Ruaimleachd	299	0	0%	0	0%

Clàr 4.3b: Geàrr-chunntas de shamhlaichean air fhaighinn bho Lochan-tasgaidh anns na h-Eileanan

Cuibhreasan	Àireamh dheuchainnean	Àireamh anns a bheil coliforman no E-coli	% a' dol os cionn ìre choitcheann	Àireamh stòrasan seirbheis nach eil a' coinneachadh riathanasan riaghailteach *	% stòrasan seirbheis nach eil a' coinneachadh riathanasan riaghailteach
<i>Coliforman Buachair</i>	3,882	8	0.21%	0	0%
<i>E.Coli</i>	3,882	1	0.03%	1	1.27%

*Cha bhi coliform ann an 95% de shamhlaichean; cha bhi *E.coli* ann an 100% de shamhlaichean.

Clàr 4.3c: Geàrr-chunntas de shamhlaichean air fhaighinn bho Ghocan Luchd-caitheimh anns na h-Eileanan

Cuibhreasan	Àireamh dheuchainnean	Àireamh a' dol os cionn ìre choitcheann	% a' dol os cionn ìre choitcheann	Àir. àrainn nach eil a' coinneachadh riathanasan riaghailteach	Gèilleadh (%)
<i>Coliforman Buachair</i>	482	6	1.24%	3	99.01%
<i>E. coli</i>	482	1	0%	1	99%
Dath	204	1	0.49%	1	99.44%
Ruaimleachd	203	0	0%	0	100%
Haidridean ion (pH)	203	0	0%	0	100%
Alman	203	0	0%	0	100%
Iarann	203	2	0.99%	2	99.35%
Mangan	203	1	0.49%	1	99.91%
Luaidhe	147	0	0%	0	100%
Trihalomethanes iomlan	148	10	6.76%	6	93.89%
Cuibhreasan eile	5,572	0	0%	0	100%
Cuibhreasan gu lèir	8,050	21	0.26%	7	99.80%

Clàr 4.3d: Clàr Cumail Suas Cuairteachaidh – Raointean sna h-Eileanan nach d’fhuair 100%

Ainm Àrainn Sòlair Uisge	MZC Iarann	MZC Mangan	MZC Ruaimleachd	OPI (TIM)
Àrainn An Tairbeart Eileanan Siar	75.00%	100%	100%	91.67%
Àrainn Kìrbister Arcaibh	95.83%	95.83%	100%	97.22%
Cuibheasachd Sgìre nan Eileanan OPI (TIM)	99.35%	99.91%	100%	99.75%

Cha robh tuisleadh sam bith ann an inbhean meanbh-bhitheòlais aig obraichean làimhseachaidh uisge sna h-Eileanan ann an 2010 agus ged a thàinig adhartas mòr ann an gèilleadh shamhlaichean a fhuarar bho lochan-tasgaidh seirbheis, chaidh seo a chothromachadh an-aghaidh coilionadh na b’isle aig gocan luchd-caitheimh.

Air an làimh eile, bha adhartas math ann an gèilleadh le diofar inbhean airson raointean ceimigeach. Chaidh 14 tuisleadh a chlàradh ann an 2010 ann an coimeas ri 38 an-uiridh. Chithear an t-adhartas san t-suidheachadh ann an *Clàr 4.3d* a tha a’ nochdadh dìreach dà raon gu dona anns na h-Eileanan. Tha na raointean sin eadar-dhealaichte ris na sianar a chaidh a chlàradh ann an 2009, a’ daingneachadh na h-adhartasan a chaidh a dhèanamh – gu sònraichte sna h-Eileanan an Iar.

Bha deich de na tuislidhean ceimigeach airson inbhean THM a’ tachairt gu cothromach thar na trì raointean eileanach. Tha seo a’ sealltainn coilionadh nas fheàrr nan uiridh ach tha e fhathast a’ nochdadh na dùbhlannan leantainneach a tha aig Uisge na h-Alba ann a bhith a’ toirt air falbh stuthan fàs-bheartach gu

soirbheachail à sòlaran amh uisge. Bhithear an dòchas gus tig toradh nas fhollaisiche a-mach à pròiseasan làimhseachaidh ùra ann an 2011.

Bha na 586 fiosan luchd-caitheimh anns na h-Eileanan ann an 2010 a’ comharrachadh lughdachadh de 33% air àireamh 2009. Tha an ìre seo de ghearain co-chosmhail ri suidheachadh 2008 agus bha fiosan mu mhilleadh dath a’ dèanamh suas mu dhà thrian den àireamh iomlan. B’è raon sòlar Kìrbister ann an Arcaibh agus raointean sòlar Nis is Steòrnabhaigh anns na h-Eileanan an Iar, na prìomh àitean.

Taobh a-staigh na raointean sòlar iomlan anns na h-eileanan, bha a’ mhòr-chuid de chùisean luchd-caitheimh dha Uisge na h-Alba ann an Kìrbister agus tha seo a’ dearbhadh an làthaireachd aige ann an clàr DMI.

B’ e blas agus fàileadh chlorine an aon phrìomh adhbhar eile a bha aig luchd-caitheimh fios a chuir gu Uisge na h-Alba ann an 2010 agus bha timcheall air leth de na 73 fiosan a’ tighinn bho trì raointean – Steòrnabhagh, Taobh an Iar Leòdhais agus Lèiruig.